

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

## GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 5 LÙNASTAL 2015

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar-Neach-gairm
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	William Swann	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair (bho 09:45m)
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Lucy Carmichael	Àrd-Chomhairliche Poileasaidh Croitearachd, Riaghaltas na h-Alba
	Jane Thomas	Ceannard Sheirbheisean Corporra is Theachdaichean
	Donna Smith	Ceannard Shìostaman Fiosrachaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Asif Haseeb	Sgrùdadh Alba
	Neil Macdonald	Manaidsear Ionmhais
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Rianaire Geàrr-chunntais

### 1 FÀILTE IS LEISGEULAN

Cha robh leisgeulan sam bith ann.

Às leth Choimiseanairean eile, bha an Coimiseanair Dennis airson meal-a-naidheachd a chur air an sgioba stiùiridh ùr, an Neach-gairm Cailean Ceanadach agus Iar-Neach-gairm IG MacDhòmhnaill, chun nan dreuchdan ùra aca. Tha Coimiseanairean a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla riutha.

Thug an Neach-gairm taing do Choimiseanair Dennis airson a facail choibhneil agus na Coimiseanairean a bhòt air an son. Tha e a' faireachdainn gu bheil am Bòrd ag obair gu math còmhla agus tha e an dòchas gun lean sin.

Thuir an Iar-Neach-gairm gun robh e a' faireachdainn gun deach Coinneamh Poileasaidh an latha an-dè fìor mhath agus bha a' choinneamh feasgair mar dheagh chothrom air diofar chùisean a dheasbad còmhla ann an dòigh nas neo-fhoirmeile.

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach a bha an làthair aig a' choinneamh, gu h-àraid Lucy Carmichael bho Riaghaltas na h-Alba agus Asif Haseeb bho Sgrùdadh Alba.

### 2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha robh dad ann.

### 3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' BHÙIRD AIR 24 ÒGMHIOS 2015

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 24 Ògmhios 2015.

### 4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead ris na puingean gnìomha bhon choinneamh air 24 Ògmhios 2015:

- Nì 8, siathamh puing, chomhairlich an t-Àrd-oifigear gun robh i ann an còmhraidhean ris an Roinn Urrasachd a thaobh prìomhachas do fhiosrachadh a fhuairleadh bho obair Cunntais-sluaigh agus Dleastanasan, agus sgrìobhaidh i gun Mhinistear às leth a' Bhùird, a' sireadh aonta don mhodh-obrach a tha an Coimisean gu bhith a' cleachdadh a thaobh prìomhachas air obair.

Chomhairlich Lucy Carmichael gu bheil am Ministear a' coimhead air adhart ri beachdachaidhean a' Choimisein fhaighinn air an dòigh as fheàrr air obair Cunntais-sluaigh a phrìomhachadh, agus tha iad a' coimhead air adhart ri ùr-fhiosrachadh fhaighinn an ceann sreath.

- Nì 8, seachdamh puing, cuirear litrichean chun nan croitearan a tha ann am briseadh an dleastanasan san t-seachdain mu dheireadh den Lùnastal 2015 – thathar air sgrìobhadh gu 300 croitear mar-thà.
- Nì 9, tha litrichean air a dhol gu Measadairean, oifisean RPID, oifisean agus luchd-obrach, gan comhairleachadh mu na h-atharrachaidhean ann an dleastanas nam Measadair, agus b' ann bho Chaidreachas Croitearachd na h-Alba a fhuairleadh an aon bheachd a bha àicheil, nach robh a' tuigsinn an adhbhair airson an atharrachaidh. Tha sin a-nis air a mhìneachadh dhaibh agus thèid Litir-naidheachd Mheasadair a-mach a dh'aithghearr, a mhìnicheas gu soilleir nan adhbharan airson atharrachadh san dreuchd, agus carson a chaidh na h-atharrachaidhean aontachadh, a' leantainn air Co-labhairt nam Measadair 2014.
- Nì 14, tritheamh paragraf, ann an cùis ath-thagraidh 37 Baile Chaolais a Tuath, tha an Coimisean air sgrìobhadh gu na pàrtaidhean uile. Tha na daoine a chuir an cèill iarrtas air a thighinn air ais agus air a ràdh gu bheil suim aca ann fhathast, agus tha aithisg ga feitheamh bho RPID. Tha Neach-lagha a' Choimisein air sgrìobhadh gu àidseanta an tagraiche, Mac a' Phì is Com-pàirtichean, agus tha iadsan air a ràdh gu bheil iad a' feitheamh ri stiùireadh bhon luchd-dèiligidh aca.

### 5 PÀIPEARAN ADHARTACHAIDH AIRSON AONTA

#### (a) Connstabal Ionaltraidh

Chuir an Ceannard Poileasaidh am pàipear air adhart agus mhìnich e gun deach am Pàipear fhaicinn aig Coinneamh Poileasaidh ann an Leasachadh mu dheireadh air 24 Ògmhios 2015, agus chaidh an uair sin a chur air post-d gu Coimiseanairean airson am beachdan. Cha d'fhuairleadh beachdan àicheil sam bith.

Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear.</b>
-------------------	--

## **(b) Builean bhon Choinneamh Poileasaidh air 4 Lùnastal 2015**

### **Poileasaidh Di-chroitidh**

Chuir Neach-lagha a' Choimisein, David Findlay, am Pàipear air adhart, anns an robh:

- Pàipear a' sgrùdadh iarrtasan di-chroitidh a thaobh poileasaidh agus lagh, le cuideam àraid air a' chùis mu 'adhbhar reusanta' agus cuid de na cùisean a dh'èirich anns na cùisean Eunson.
- Lethbhreac le nòtaichean den earrann bhuntainneach bhon Phlana Poileasaidh a th' ann mar-thà, le atharrachaidhean air an comharrachadh a' nochdadh mhòlaidhean a thaobh nithean airson dubhadh-às agus cur-ris.
- Lethbhreac ghlan den Phlana poileasaidh atharraichte gus a dhèanamh furasta a leughadh.

A' leantainn air deasbad, dh'aontaich Coimiseanairean gum bu toil leotha trèanadh a thaobh mìneachadh air 'Ceartas Nàdarra'.

Ann an coileanadh an dleastanasan fo Earrann 2 den Achd, feumaidh an Coimisean aire a thoirt do bhuidh nan atharrachaidhean air farsaingeachd iomlan an fhearainn a tha glèidhte ann an gabhaltas croitearachd agus seasmhachd croitearachd, nuair a thathar a' dèanamh co-dhùnadh air tagraidhean.

Dh'aontaich an Coimisean nuair a gheibhear tagradh di-croitidh airson Adhbhar Reusdanta, bu chòir beachdachadh an toiseach air na slatan-tomhais a leanas:

- Adhbhar
- Ìre air iarraidh
- Làrach an leasachaidh
- Ruigsinneachd air a' chòrr den aonad
- Beachdan na h-Oighreachd, ma is iomchaidh
- Aontaidhean reachdail riatanach eile
- Gearanan sam bith a fhuaireadh

Dh'aontaich an Coimisean nuair a gheibhear tagradh di-chroitidhairson Adhbhar Neo-Reusanta, gum bu chòir beachdachadh an toiseach air na slatan-tomhais a leanas:

- Ion-mhiannachd farsaingeachd iomlan an fhearainn air a ghleidheadh ann an croitearachd
- Ion-mhiannachd taic do ghleidheadh àireamh-sluaigh ann an sgìrean croitearachd
- Iarrtas airson fearann croite san sgìre
- Ùidh coitcheann na coimhearsnachd croitearachd (dà chroit no barrachd).

Dh'aontaich an Coimisean gum feum an tagraiche a thaisbeanadh nach bi aonta do thagradh di-chroitidh neo-reusanta cronail don fharsaingeachd iomlan fearainn a tha glèidhte ann an gabhaltas croitearachd, agus feumar a thaisbeanadh nach eil coimhearsnachd croitearachd ann. Ma tha coimhearsnachd croitearachd ann, feumaidh an tagraiche dearbhadh nach bi e cronail do dh'ùidhean na coimhearsnachd croitearachd sin airson aonta a chur ris an tagradh di-chroitidh sin. Feumaidh an tagraiche gearanan sam bith a fhreagairt a thogar tron phròiseas, chun na h-ìre gum bi an Coimisean riarachtaichte.

Bha deasbad ann mu 'Iarrtas' agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil Posy NicRath, Manaidsear Chonaltraidhean, a' leasachadh iomairt air 'Iarrtas' agus tha i air a bhith a' dèanamh ceangal ri SCF agus Urras Fearann Coillteach a dh'fhaicinn am faigheadh an Coimisean cothrom air an liosta iarrtais aca.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i toilichte a dhol ann an deasbadan fosgailte le HIE a thaobh aon àite a bhith ann far am faod daoine aig a bheil ùidh ann am faotainn croit, an ùidh a chlàradh.

Bha deasbad ann mun fhacal 'Sgìre' agus dh'aontaich an Coimisean gum bi an sgìre san fharsaingeachd mar an ceàrnaidh air a chòmhdach le Measadair Sgìreil, ach coimheadar ris an seo agus bheirear e air ais gu Coinneamh Bùird san àm ri teachd.

Aig puing 69 den Phàipear, bidh na puingeann air an ath-òrdachadh 4, 2, 3 agus 1, gus a bhith ann an co-rèir ris a' pharagraf gu h-ìosal aig puing 70.

Dh'aontaich an Coimisean ri molaidhean agus atharrachaidhean comharraichte Mhgr Findlay, le ùmhlachd do na puingeann a thogadh gu h-àrd.

Bha an Coimisean airson taing a thoirt do Mhgr Findlay airson Pàipear sàr-mhath

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear agus bha iad airson na leanas a chur ris:</b></p> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean nuair a gheibhear tagradh di-chroitidh airson Adhbhar Reusdanta, bu chòir beachdachadh an toiseach air na slatan-tomhais a leanas:</b></p> <ul style="list-style-type: none"><li>• <b>Adhbhar</b></li><li>• <b>Ìre air iarraidh</b></li><li>• <b>Làrach an leasachaidh</b></li><li>• <b>Ruigsinneachd air a' chòrr den aonad</b></li><li>• <b>Beachdan na h-Oighreachd, ma is iomchaidh</b></li><li>• <b>Aontaidhean reachdail riatanach eile</b></li><li>• <b>Gearanan sam bith a fhuairadh</b></li></ul> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean nuair a gheibhear tagradh di-chroitidhairson Adhbhar Neo-Reusanta, gum bu chòir beachdachadh an toiseach air na slatan-tomhais a leanas:</b></p> <ul style="list-style-type: none"><li>• <b>Ion-mhiannachd farsaingeachd iomlan an fhearainn air a ghleidheadh ann an croitearachd</b></li><li>• <b>Ion-mhiannachd taic do ghleidheadh àireamh-sluaigh ann an sgìrean croitearachd</b></li><li>• <b>Iarrtas airson fearann croite san sgìre</b></li><li>• <b>Ùidh coitcheann na coimhearsnachd croitearachd (dà chroit no barrachd).</b></li></ul> <p><b>Bidh aig an tagraiche ri thaisbeanadh nach bi aonta do thagraidh di-chroitidh neo-reusanta, cronail don fharsaingeachd iomlan fearainn a tha glèidhte ann an gabhaltas croitearachd, agus feumar a thaisbeanadh nach eil coimhearsnachd croitearachd ann. Ma tha coimhearsnachd croitearachd ann, feumaidh an tagraiche dearbhadh nach bi e cronail do dh'ùidhean na coimhearsnachd croitearachd sin airson aonta a chur ris an tagradh di-chroitidh sin. Feumaidh an tagraiche gearanan sam bith a fhreagairt a thogar tron phròiseas, chun na h-ìre gum bi an Coimisean riarachta.</b></p> <p><b>Bu toil leis na Coimiseanairean trèanadh a thaobh mìneachadh air 'Ceartas Nàdarra'.</b></p> <p><b>Thèid na facail 'Iarrtas' agus 'Sgìre' a rannsachadh agus a thoirt air ais gu Coinneamh Bùird san àm ri teachd.</b></p>
-------------------	---

## Poileasaidh Ath-thòiseachaidh

Chuir Neach-lagha a' Choimisein, David Findlay, am Pàipear air adhart agus mhinich e gun tug Achd 2007 còir don Choimisean cur an aghaidh iarrtasan Ath-thòiseachaidh.

Chomhairlich an Coimisean gum bu toil leotha poileasaidh a thoirt gu buil air Fearann Goireis agus a chur ris a' phoileasaidh di-chroitidh, agus nach bu chòir don Fhearann Goireis a bhith nas motha na 0.15 ha. Thèid obrachadh air an seo, agus a thoirt gu Coinneamh Bùird san àm ri teachd.

An dèidh deasbad, dh'aontaich an Coimisean gum bi am Poileasaidh Ath-thòiseachaidh airson freagairt do thagraidhean Ath-thòiseachaidh far am bi an fharsaingeachd iomlan, a' gabhail a-steach am fearann a chaidh a dhi-chroiteadh no ath-thòiseachadh, gu bhith nas motha na 0.15 ha. Far nach biodh sin gu h-àbhaisteach air a dhi-chroiteadh freagraidh an Coimisean, ach cleachdaidh e ùghdarras gus co-dhùnadh a bheil no nach eil e iomchaidh freagairt a thaobh tagradh sònraichte sam bith, oir dh'fhaodadh cùisean a bhith ann far nach eil e iomchaidh don Choimisean freagairt a chlàradh.

## Sgeama airson Leasachadh

Dh'aontaich an Coimisean Poileasaidh na Sgeama airson Leasachadh fhàgail aig an àm seo, oir tha cho beag de dh'iarrtasan a' tighinn a-steach gun Choimisean, ach ma gheibhear iarrtas bu chòir beachdachadh air a bheil an t-adhbhar reusanta agus a bheil an leasachadh cothromach no mì-chothromach.

Bu toil leis a' Choimisean an ceathramh puing aig mullach an dàrna duilleig den Phàipear a bhith air ath-aithris.

Chaidh aontachadh ann am prionnsapal gun cuirteadh fiosan Ath-thòiseachaidh bho Chùirt an Fhearainn chun na Sgioba Riaghlaidh sa chiad àite oir tha barrachd ghoireasan aca, ach dhèanadh Neach-lagha a' Chomisein agus an Ceannard Riaghlaidh deasbad air agus daingneachadh air na tha san amharc.

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Bu toil leis a' Choimisean Poileasaidh a thoirt gu buil air Fearann Goireis agus a chur ris a' phoileasaidh di-chroitidh agus thig seo gu Coinneamh Bùird san àm ri teachd.</b></p> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean gum bi am Poileasaidh Ath-thòiseachaidh airson freagairt do thagraidhean Ath-thòiseachaidh far am bi an fharsaingeachd iomlan, a' gabhail a-steach am fearann a chaidh a dhi-chroiteadh no ath-thòiseachadh, gu bhith nas motha na 0.15 ha. Far nach biodh sin gu h-àbhaisteach air a dhi-chroiteadh freagraidh an Coimisean, ach cleachdaidh e ùghdarras gus co-dhùnadh a bheil no nach eil e iomchaidh freagairt a thaobh tagradh sònraichte sam bith, oir dh'fhaodadh cùisean a bhith ann far nach eil e iomchaidh don Choimisean freagairt a chlàradh.</b></p> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean Poileasaidh na Sgeama airson Leasachadh fhàgail aig an àm seo, oir tha cho beag de dh'iarrtasan a' tighinn a-steach gun Choimisean, ach ma gheibhear iarrtas bu chòir beachdachadh air a bheil an t-adhbhar reusanta agus a bheil an leasachadh cothromach no mì-chothromach.</b></p> <p><b>Bu toil leis a' Choimisean an ceathramh puing aig mullach an dàrna duilleig den Phàipear a bhith air ath-aithris.</b></p>
-------------------	--

## **CROITEAN FEARANN COILLTEACH AGUS POILEASaidH COILLTEARACHD CROITEIR**

### **Croit fearainn-coillteach**

Chuir an Ceannard Poileasaidh am Pàipear air adhart, a tha air a sholarachadh airson a bhith a' beachdachadh air Poileasaidh a' Choimisein a thaobh fearann coillteach air fearann croite mar gheall air cleachdadh fearainn, agus gu h-àraid a thaobh dleastanas croiteir a bhith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh air no an taobh a-staigh 32 cilemeatair den chroit.

Dh'aontaich an Coimisean nach bu chòir eadar-dhealachadh sam bith a dhèanamh a thaobh dleastanas croiteir a bhith a' còmhnaidh air a' chroit, fiù 's ged is e craobhan a th' ann air fad, ach faodaidh tagraichean cead iarraidh abhith às-làthair a thèid a mheasadh da rèir fhèin.

Rinn an Coimisean deasbad air dè a dhèanadh suas ìre iomchaidh do Chroitean Fearainn-coillteach agus bheachdaicheadh gum bu chòir an aon abairt 's a bha cleachdte san Achd airson ceumannan glèidhteachais a bhith air ùisneachadh; 's e sin, "ann an dòigh air a phlanadh agus air a stiùireadh". Tha an Coimisean airson an abairt seo a bhith air a mhìneachadh. Bu mhath leotha cuideachd 'Ath-nuadhachadh' a thogail san tritheamh paragraf air a' chiad duilleig den Phàipear, agus a cheangal le 'ann an dòigh air a phlanadh agus air a stiùireadh'.

Bu mhath leis a' Choimisean an uair sin gum biodh ceistean mu chroitean fearainn coillteach air an cur anns an ath fhoirm Cunntais.

Dh'iarr an t-Àrd-Oifigear gun tigeadh buidheann còmhla a dheasbad air a' chùis seo, le comhairle bho Choimiseanairean agus 's dòcha buidhnean eile m.e. SCS.

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Dh'aontaich an Coimisean nach bu chòir eadar-dhealachadh sam bith a dhèanamh a thaobh dleastanas croiteir a bhith a' còmhnaidh air a' chroit, fiù 's ged is e craobhan a th' ann air fad, ach faodaidh tagraichean cead iarraidh abhith às-làthair a thèid a mheasadh da rèir fhèin.</b></p> <p><b>Rinn an Coimisean deasbad air dè a dhèanadh suas ìre iomchaidh do Chroitean Fearainn-coillteach agus bheachdaicheadh gum bu chòir an aon abairt 's a bha cleachdte san Achd airson ceumannan glèidhteachais a bhith air ùisneachadh; 's e sin, "ann an dòigh air a phlanadh agus air a stiùireadh". Tha an Coimisean airson an abairt seo a bhith air a mhìneachadh. Bu mhath leotha cuideachd 'Ath-nuadhachadh' a thogail san tritheamh paragraf air a' chiad duilleig den Phàipear, agus a cheangal le 'ann an dòigh air a phlanadh agus air a stiùireadh'.</b></p> <p><b>Bu mhath leis a' Choimisean an uair sin gum biodh ceistean mu chroitean fearainn coillteach air an cur anns an ath fhoirm Cunntais.</b></p>
-------------------	--

### **Fearann-coillteach chroitean ann an co-theacs Poileasaidh Nàiseanta**

Mhìnich an Ceannard Poileasaidh gun robh an dàrna pàirt den Phàipear a' coimhead ri Croitean Fearainn-coillteach a thaobh co-theacs Nàiseanta. Tha an riaghaltas a' putadh airson tuilleadh fearainn-coillteach san fharsaingeachd.

An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear agus dh'aontaich iad cuideachd airson feuchainn ri croitean fearainn-coillteach adhartachadh agus gus Earrann 50A a chleachdadh, roinnidh an t-Àrd-Oifigear am Pàipear le Àrd-oifigear Coimisean na Coilltearachd a ràdh gu bheil an Coimisean glè thaiceil do na Targaidean Nàiseanta agus gum faodaist an sgeama adhartachadh tro Lionra nam Measadair agus 's dòcha RPID.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear agus dh'aontaich iad cuideachd airson feuchainn ri croitean fearainn-coillteach adhartachadh agus gus Earrann 50A a chleachdadh, roinnidh an t-Àrd-Oifigear am Pàipear le Àrd-oifigear Coimisean na Coilltearachd a ràdh gu bheil an Coimisean glè thaiceil do na Targaidean Nàiseanta agus gum faodaist an sgeama adhartachadh tro Lionra nam Measadair agus 's dòcha RPID.</b>
-------------------	--

## **TAGHAIDHEAN CHOIMISEANAIREAN**

Dh'fhaighnich an t-Àrd-Oifigear do Choimiseanairean an robh raointean sam bith, bho an eòlas fhèin às dèidh taghadh nan Coimiseanair ann an 2012, a bu mhath leotha fhaicinn air atharrachadh no air a leasachadh.

Dh'aontaich Coimiseanairean gun robh na prìomh sgìrean cruinn-eòlasach mì-chothromach agus gum feumtadh an atharrachadh, gus am biodh ìre dleastanais co-ionann aig gach aon Coimiseanair.

Feumaidh fios a bhith aig tagraichean san amharc dìreach carson a tha iad a' tagradh, mar sin tha stiùireadh soilleir riatanach air an tuairisgeul obrach.

Bhiodh e feumail nan deigheadh innse do thagraichean san amharc mun àireamh de croitean anns gach sgìre cruinn-eòlasach, agus an uimhir de ghniomhachd riaghlaidh anns gach àite.

Feumaidh trèanadh tòiseachadh ro na taghaidhean.

Tha litearrachd coimpiutair glè chudromach agus feumaidh e a bhith na riatanas deatamach.

Bha deasbad ann mu iomadh-shealbhadairean air croit agus dìreach aon dhiubh le cead bhòtadh. Shoilleirich Ceannard IS gur e dìreach croitearan no croitearan seilbhe a dh'fhaodas bhòtadh, no faodaidh croitear cuideigin ainmeachadh airson bhòtadh na àite. Chan fhaod uachdarain air croitean falamh bhòtadh.

Chomhairlich Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-dèiligidh gum biodhte an dùil gum biodh iomadachd ga adhartachadh am measg tagraichean san amharc.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh i den bheachd gum biodh e feumail do chuid de dhaoine òga le ùidh ann an croitearachd a bhith air am meanntaradh leis na Coimiseanairean làithreach, gus beachd a thoirt dhaibh air dè tha an lùib a bhith nad Choimiseanair, a' sùileachadh gum faodadh ùidh a bhith aca tagradh air a shon san àm ri teachd, bidh an Coimiseanair agus MacIllinnein a' tòiseachadh air an seo a dh'aithghearr.

## **6 ÙR-FHIOSRACHADH AIR BUIDHEANN OBRACH GEÀRR-AMA**

Chan eil coinneamhan de STWG air ahith ann on Choinneamh Bùird mu dheireadh.

Chomhairlich Ceannard IS gum feum STWG a' Chunntais Ionaltraidh coinneachadh a dh'aithghearr le Coimiseanair Dennis agus an Iar-Neach-gairm, agus cuiridh i seo air dòigh cho luath 's a ghabhas.

## **7 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN AIR AM PLANADH/FRITHEALADH**

Iar-Neach-gairm – Fhritheil an Neach-gairm Coinneamh Mapadh Coimhearsnachd Chlàran na h-Alba agus Urras Iain Muir, choinnich i ri SAC ann am Port Rìgh agus oifis an RPID ann am Port Rìgh, rinn i Bloga air Leantainneachd a tha air làrach-lìn a' Choimisein, air pannal croitearachd aig Fèis Ciùil Belladrum air 7 Lùnastal agus a' frithealadh Seodha an Eilein Sgitheanaich air 8 Lùnastal, agus fèill uan na Luirg.

Coimiseanair Swann – Frithealadh coinneamh HIE, coinneamh croitearachd Oighreachd Baile Mhic Ara agus an Urrais Nàiseanta air 27 Lùnastal, agus a' toirt seachad òraid don Cholaiste Eòrpaich mu shochair bheathaichean co-cheangailte ri àiteachas air bheag-sgèile.

Coimiseanair MacIllinnein – Coinneachadh ri Manaidsear Taigheadais TIG, frithealadh Coinneamh Leasachaidh Coimhearsnachd ionadail san Rubha, agus frithealadh nam fèilltean uan san Lùnastal.

Coimiseanair Dennis – Frithealadh Coinneamh Chlàran Alba ann an Coit a' Ghartain, Èisteachd ann an Diobaig, Seodha Baile Ùr nan Granddach an-ath-sheachdain agus chaidh iarraidh oirre a bhith na taoitear aig Cùrsa Croitearan le Caidreachas Croitearachd na h-Alba ann an Inbhir Nis.

Coimiseanair Pirie – Chan eil air coinneamhan sam bith a fhrithealadh ach an dòchas dà sheodha ionadail a fhrithealadh ann an Arcaibh san Lùnastal.

Coimiseanair Sinclair – Chan eil air coinneamhan sam bith a fhrithealadh ach a' frithealadh coinneamh leis a' Mhinistear, an Dr Aileen NicLeòid agus Tavish Scott BPA ann an Sealtainn air 10 Lùnastal, a' frithealadh seodha ionadail ann an Sealtainn air 12 Lùnastal.

Coimiseanair Caimbeul – Frithealadh 's a' cuideachadh aig ionad Oighreachd is Fearann Alba aig Fèill Gheamannan ann am Peairt, mar an ceudna aig Seodha an Eilein Duibh air 6 Lùnastal agus Fèill Gheamannan na Mòigh air 7 agus 8 Lùnastal. Frithealadh Èisteachd aig Diobaig, Coinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean air 15 Iuchair, Seodha Ghallaibh agus Coinneamh Bùth-obrach eadar coimhearsnachd croitearachd Bhaile Ildh agus Oighreachdan Chataibh. Frithealadh Seodha Chataibh, Coinneamh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus Coinneamh Chlàran Alba ann an Inbhir Nis. Sùileachadh ri coinneamh a fhrithealadh le Rùnaire a' Chaibineit ann an Ulapul air 11 Lùnastal agus fèill uan na Luirg is Inbhir Pheofharain.

Neach-gairm – Rèitire aig Seodha Thiriodh, frithealadh Coinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean air tele-labhairt air 15 Iuchair, an dùil Seodha an Eilein Duibh a fhrithealadh air 6 Lùnastal agus às dèidh sin Seodha Sròn an t-Sithein, Seodha Loch Abair, Seodha Dhail Mhàilidh, Seodha Apainn agus fèilltean nan uan.

Dh'aontaich an Coimisean gu bheil mòran obrach ga dhèanamh le Coimiseanairean air cùl gnothaich, agus tha e math togail air an seo.



## 8 AITHISG BHLIADHNAIL

Chomhairlich an Coimiseanair Swann mar Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais gu bheil an Coimisean, bho shealladh Riaghlaidh san t-suidheachadh as làidire san robh e bho 2012, mar thoradh air gu bheil an Coimisean na bhuidheann taghte, a' dèiligeadh le cùisean co-cheangailte ris na daoine sin a thagh am buidheann, le riochdachadh bho ùidh uachdaran, agus gu bheil an Coimisean a-nis le comhairle mhath laghail agus structaran matha nan àite. Tha obair ri dhèanamh fhathast ach gu h-iomlan tha an Coimisean ann an àite math.

Chuir an Coimiseanair Swann ri beachdan a' Choimiseanair Dennis aig toiseach na coinneimh agus thuirt e gu bheil e den bheachd gu bheil e iomchaidh do bhuidheann air a thaghadh a Neach-gairm agus Iar-Neach-gairm fhèin a thaghadh.

Tha Sgrùdadh Alba air aonta a chur ris a' Choimisean a thaobh an cunntasan agus bha Coimiseanair airson taing a thoirt do Niall Dòmhnallach, am Manaidsear Ionmhais, airson na h-obrach a tha e fhèin agus a sgioba air a dhèanamh ag ullachadh Cunntasan Bliadhnail na bliadhna-sa.

Chomhairlich Asif Haseeb bho Sgrùdadh Alba gu bheil e den bheachd gu bheil e cudromach gun robhar a' deasbad air an Aithisg Bhlidhnail aig an ìre as àirde agus tha sin a' taisbeanadh deagh riaghladh is cleachdadh. Gu h-iomlan, b' e aithisg chothromach a bh' anns an Aithisg Bhlidhnail le cuid de mholaidhean ach tha Sgrùdadh Alba glè thoilichte leis na cùisean riaghlaidh, cunntachalachd agus coileanadh agus tha iad taingeil gu bheil na cùisean eile leis a' Choimisean air am fuasgladh.

Thuirt Mgr Haseeb gu bheil e suas ris a' Bhòrd a-nis an Aithisg Bhlidhnail a mholadh don Oifigear Chunntachail aca, an t-Àrd-Oifigear, gus an sgrìobhainn a theisteachadh agus an uair sin cuiridh na h-Às-Sgrùdairean an ainm rithe. Cuirear an uair sin an Aithisg air beulaibh na Pàrlamaid san t-seachdain a' tòiseachadh 7 Sultain 2015. Is ann a' leantainn air an seo a thig an Aithisg Bhlidhnail gu bhith na sgrìobhainn poblach còmhla ri Aithisg an Sgrùdaire.

Mhol an Neach-gairm gum bu chòir don Àrd-oifigear an Aithisg Bhlidhnail a shoidhnigeadh gu foirmeil agus dh'aontaich an Coimisean.

Thàinig an Coimiseanair MacIllinnein a-steach don t-seòmar aig 09:45m.

Shoidhnig an t-Àrd-Oifigear an Aithisg Bhlidhnail gu foirmeil.

Thug an Coimisean taing do Mhgr Haseeb airson a chuideachaidh tron bhliadhna agus bha an Coimiseanair Swann airson a chlàradh cho mòr 's a bha e às a chuid taic thar na mìosan a dh'fhalbh.

Dh'fhag Asif Haseeb agus Niall Dòmhnallach an seòmar aig 09:50m.

Bha an Neach-gairm airson taing a thoirt do bhuill a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais uile, Niall Dòmhnallach am Manaidsear ionmhais, agus a sgioba airson an cuid obrach ann an cur na h-Aithisg Bhlidhnail ri chèile.

## 9 AITHISG COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

### (a) Ùr-fhiosrachadh bho Choimiseanair Swann

Thòisich an Coimiseanair Swann le bhith a' togail air thar-shealladh den obair a tha ri choileanadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais sa bhliadhna a tha romhainn, san Aithisg Bhliadhnail air a' Phàipear AFC.

Bidh am Poileasaidh Bacadh Foill a' dol air-loidhne a dh'aithghearr agus leis an sin, stiùireadh air strì eadar com-pàirt a thaobh Choimiseanairean agus luchd-obrach. Is e Poileasaidh Sgrùdaidheil a tha seo, còmhla ri Poileasaidh Conaltraidh Luchd-ùidh agus Poileasaidh Luach as Fheàrr, agus bidh iad sin mar na prìomh phiosan obrach mu dheireadh leis an AFC làithreach.

Cumaidh an AFC sùil air na cunnartan a tha an lùib Tiomnadh Cho-dhùnaidhean Riaghlaidh.

Thig aithisg chunbhalach chun a' Bhùird mu dheidhinn Coileanadh Corporra agus bheirear seat ùr de stiùiridhean gu buil a thaobh uidheam nan Coimiseanair m.e. fònaichean làimhe, coimpiutairean is eile.

Nochd an Coimisean gu bheil e glè chudromach do Choimiseanairean an Clàran Ùidhe a chumail ùraichte agus fios a leigeil gun Cheannard Poileasaidh ma bhios atharrachaidhean sam bith ri dhèanamh ris, gus bacadh a chur air strì eadar com-pàirt.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum feum dòigh nas structaraichte air an fhiosrachadh sin a ghleidheadh, a bhith air a chur an gnìomh agus nì an Sgioba Stiùiridh deasbad air an seo.

### (b) Dreach Geàrr-chunntas Coinneamh an AFC air 27 Iuchair 2015

Chomhairlich an Coimiseanair Swann gun robh cùisean a' Choimisein air làn mholadh fhaighinn bho na Sgrùdairean.

### (c) An Clàr Cunnairt

Thuir an Coimiseanair Swann gun robh an deasbad bu mhotha aig Coinneamh an AFC mu dheidhinn cothromachd tillidhean a' Chunntais-sluaigh agus giullachd an fhiosrachaidh a fhuairidh, agus tha seo air a chur ris a' Chlàr Chunnairt mar àrd chunnart aig àireamh 040.

Mhìnich Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-dèiligidh an Clàr Cunnairt do Choimiseanairean agus chomhairlich e gun deach atharrachadh am-bliadhna gus a thoirt gu ìre co-rèir ri prìomhachasan agus cinn-uidhe a' Phlana Chorporra. Tha gach nì ann an teacs uaine ùr no air atharrachadh, agus tha gach nì ann an teacs dhearg air a dhubhadh às agus air ionadachadh le cunnartan ùraichte.

Sheall Neach-lagha a' Choimisein gur e cunnart leantainneach don Choimisean a th' ann an cosgaisean laghail agus bu chòir cunnart cùis-lagha a thaobh cliù a bhith na fheart cunnairt do am bu chòir an Coimisean a bhith mothachail.

Chomhairlich an Coimiseanair Swann gu bheil e a' faireachdainn gu bheil an luchd-obrach a' làimhseachadh chunnartan gu ìre fhreagarrach, ach an cunnart àireamh 040.

Chan urrainnear dèiligeadh leis an dleastanas còmhnaidheachd 10-bliadhna oir chan eil gu leòr luchd-obrach aig a' Choimisean. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh i air fios fhaighinn air ais bhon Mhinistear a ràdh, cho fada 's a leanas an Coimisean le cùisean a tha fosgailte agus a bheirear iad gu co-dhùnadh, tha am Ministear toilichte dhuinn an t-slighe ùr againn a ghabhail gun a bhith ceangailte ris an dleastanas 10 bliadhna. Bidh an Clàr Cunnairt air ùrachadh gus seo a nochdadh.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum b' e an siostam ùr coimpiutair an cunnart as motha don bhuidheann aig an àm seo, agus tha sin ga stiùireadh gu dlùth.

**(d) Aithisg Tomhais Coileanaidh**

Chomhairlich an Coimiseanair Swann gun deach ath-dhearbhadh a chur leis an Àrd-Oifigear gu an AFC gun robh toradh air an Aithisg Tomhais Coileanaidh na shiostam neo-fhillte a chur an gnìomh, agus nach biodh buaidh àicheil aige air ùine luchd-obrach. Bidh cothrom aig Coimiseanairean a-nis air an fhiosrachadh uile ris am bu chòir dhaibh dùileachadh a thaobh cùisean coileanaidh.

Mhìnich Ceannard IS an Aithisg Tomhais Coileanaidh do Mheasadairean. Tha an dà chiad duilleag a' toirt geàrr-iomradh air prìomhachasan, clachan-mìle agus tomhaisean. Tha gach aon air an comharrachadh ann an dearg, òmar no uaine, le dearg an cunnart as àirde.

Dh'iarr an Coimisean gun deigheadh an comhairleachadh aig gach Coinneamh Bùird mu chunnartan air an comharrachadh ann an dearg, agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi an Aithisg Tomhais Coileanaidh air a toirt gu gach Coinneamh AFC agus an uair sin chun na h-ath Choinneimh Bùird a leanas, agus cha tigeadh i chun a' Bhùird gu eadar-amail ach nuair a bhiodh nì sònraichte do am feumtadh Coimiseanairean a dhèanamh mothachail.

Bidh am fiosrachadh san aithisg air a chur gun Roinn Urrasachd gach ràithe.

Bidh an t-Àrd-Sgioba Stiùiridh a' coimhead ris an aithisg gach mìos agus faodaidh an aithisg a bhith air a h-ath-sgrùdadh ma bhios feum air sin a dhèanamh.

Dh'aontaich an Coimisean ris na Pàipearan uile agus thug an t-Àrd-Oifigear taing do Cheannard IS airson an Aithisg Tomhais Coileanaidh a thoirt gu buil.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean ris na Pàipearan agus dh'iarr iad gun deigheadh an comhairleachadh mu chunnartan air an comharrachadh ann an dearg anns an Aithisg Tomhais Coileanaidh, aig gach Coinneamh Bùird.</b>
-------------------	---

**10 ÙR-FHIOSRACHADH COMATAIDH GHEARANAN IS SGRÙDAIDHEAN**

- (a) Ùr-fhiosrachadh bhon Iar-Neach-gairm agus**
- (b) Dreach Geàrr-chunntas bho 15 Iuchair 2015**

Chomhairlich an t-Iar-Neach-gairm gu bheil Clàr 1 earrann 13 den Achd ag ràdh gum feum an Neach-gairm a bhi sa Chathair aig gach coinneamh ma bhios e an làthair. Bho nach robh an Neach-gairm an làthair aig a' choinneamh, bha aige ri neach eile ainmeachadh do Chathair na coinneimh às a leth, agus dh'ainmich e an t-Iar-Neach-gairm.

Chaidh an t-Iar-Neach-gairm tron dreach Geàrr-chunntas bhon choinneamh agus mhìnich e an Clàr Ghearanan a fhuair a' chomhairleachadh airson na h-ùine 1 Giblean 2015 gu 30 Ògmhios 2015.

Bha draghan air an nochdadh aig C&ICM mu aithisgean RPID a bha fadalach gam faighinn, agus thug sin buaidh air tagraidhean.

Bha buill a' Chomataidh riarachtaichte gun robh trèanadh luchd-obrach air gearanan aig ìre fhreagarrach, agus bha gearanan gan clàradh gu ceart.

Bha deasbad ann mu ghearan gun urra agus na leasan a dh'ionnsaich an luchd-obrach. Tha uallach air a' Choimisean airson an fhiosrachaidh uile a gheibhear agus bheirear trèanadh do luchd-obrach a' Choimisein agus luchd-obrach RPID ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir a dh'aithghearr.

Bidh an ath choinneamh de Chomataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean air 14 Dàmhair 2015.

Thug an Neach-gairm taing do Cheannard Seirbheisean Corporra is Luchd-dèiligidh agus gach neach eile air a' Chomataidh airson an obair.

## 11 STRUCTAR TIOMNAIDH

Chuir an Ceannard Riaghlaidh am Pàipear sìos agus mhinich e gun robh Coimiseanairean air am Pàipear fhaicinn aig a' Choinneamh Bùird mu dheireadh agus b' e sgaoileadh a' phrògram an aon phàirt a chaidh atharrachadh. Thig na molaidhean aig Pàirt 2.1 air duilleag 45 den Phàipear a-steach sa bhad, aon uair 's gu bheil an siostam ùr coimpiutair CIS air a chur an gnìomh, agus thathar an dòchas gum bi sin air 1 Samhain 2015.

A' leantainn air an sin, bidh fuinseanan eile air an comharrachadh aig 2.2 air duilleag 46 den Phàipear air an sgaoileadh a-mach.

Chaidh coinneamh a chumail le oifigich, an Ceannard Seirbheisean Riaghlaidh agus Neach-lagha a' Choimisein o chionn ghoirid gus deasbad air Fo-ghabhail, Gabhailean Geàrr-ama agus Cead Às-làthaireachd a' Choimisein. Bidh coinneamh le Co-dhùnaidh Tiomnaichte STWG a' gabhail àite ann an dà sheachdain. A' leantainn air an sin, thig Pàipear chun na h-atha Choinneimh Bùird.

Thug an Coimisean aonta don Phàipear.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Thug an Coimisean aonta don Phàipear.</b>
-------------------	--

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi 55% den obair-chùisean air a thiomnadh do luchd-obrach, aon uair 's gun tòisich Co-dhùnaidhean Tiomnaichte.

Bha deasbad ann mu na thachras nuair a thig Coimiseanairean ùra ann an 2017 agus mar a chuirear an aithne iad do dh'obair àbhaisteach a' Bhùird. Chomhairlich an t-Àrd-oifigear gum bi Plana Trèanaidh air a chur ri chèile dhaibh.

Bu mhath leis a' Choimisean a bhith air a chumail mothachail do mar a tha am pròiseas tiomnaidh a' dol, aon uair 's gun tòisich e, agus bu mhath leotha coimhead ri cuid de chùisean a dh'fhaicinn mar a tha co-dhùnaidhean dèante leis an luchd-obrach. Bu mhath leotha iarraidh gun tig Pàipear chun a' Bhùird a' mìneachadh mar a bhios am Pròiseas Sgrùdaidh agus Gèillidh a' gabhail àite. Dh'aontaich an t-Àrd-oifigear.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'iarr an Coimisean gun tig Pàipear chun a' Bhùird a' mìneachadh mar a bhios am Pròiseas Sgrùdaidh agus Gèillidh airson Co-dhùnaidhean Tiomnaichte a' gabhail àite.</b>
-------------------	---

## 12 DAINGNEACHADH RIAGHAILTEAN IONALTRaidH, STIÙIREADH IS CÙISEAN EILE CO-CHEANGAILTE RI COMATAIDHEAN IONALTRaidH

Chuir Neach-lagha a' Choimisein sìos am Pàipear, a chunnaic na Coimiseanairean aig a' Choinneamh Bùird mu dheireadh. Tha atharrachaidhean dèante, a' gabhail a-steach atharrachadh air a' mhìneachadh airson Uidheam Stèidhichte.

Cha bhi na Riaghailtean Ionaidraidh ag innse tuilleadh mu Stiùireadh Ionmhasail ach bidh an Stiùireadh a' tairgsinn comhairle mu chùisean ionmhasail. Cuirear an Stiùireadh a-mach air post-d gu Coimiseanairean agus an uair sin chun a' Bhùird airson aonta. Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir an Stiùireadh ainmeachadh gum biodh Comataidhean Ionaidraidh air an deagh chomhairleachadh gabhail ri siostam airson cunntachalachd ionmhasail.

Bha deasbad ann mu dè nithear ma gheibh an Coimisean fios mu dheidhinn neo-riaghailteachdan ionmhasail an taobh a-staigh comataidh ionaidraidh agus dh'aontaich am Bòrd nach b' e cùis don Choimisean a bh' ann.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir an dòigh fhacail aig 3.4 air duilleag 56 den Phàipear a bhith air atharrachadh gus a ràdh, 'Cha ghabh an Coimisean, aig a làimh fhèin, os làimh sgrùdadh foirmeil sam bith air neo-ionmchaidheachd ionmhasail san amharc. Is e coltas cùis sìobhalta agus / no eucoir a tha seo agus bu chòir na h-ùghdarrasan buntainneach dèiligeadh leis'.

Aon uair 's gum bi an Stiùireadh air aontachadh leis na Coimiseanairean, cuirear e gu Comataidhean Ionaidraidh agus thèid a thaisbeanadh air làrach-lìn a' Choimisein.

Chomhairlich Neach-lagha a' Choimisein gum biodh conaltradh puist-d airson fios gu luchd-earrannan mu choinneamhan air a chur ris an Stiùireadh.

Chomhairlich Neach-lagha a' Choimisein gum bu chòir sanas poblach a bhith ann am pàipear-naidheachd gus coinneamh a shanasachadh airson Comataidh Ionaidraidh ùr fhadthad agus an dèidh deasbaid dh'aontaich an Coimisean. Feumaidh am fiosrachadh ùr seo a bhith air fhollaiseachadh gu Comataidhean Ionaidraidh agus air a chur air làrach-lìn a' Choimisein.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun tig Pàipear chun na h-ath Choinneimh Bùird a choimhead ri sanasachadh ann am pàipearan-naidheachd agus ann am pàipearan ionadail, agus cha bhuilichear an t-atharrachadh seo gus am bi am Pàipear air aontachadh.

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear agus dh'aontaich iad aon uair 's gum bi an Stiùireadh air ath-sgrùdadh, cuirear e air post-d gu Coimiseanairean mar fhiosrachadh agus airson bheachdan, agus thig e an uair sin chun na h-ath Choinneimh Bùird airson aonta. Bu chòir don Stiùireadh moladh gum biodh Comataidhean Ionaidraidh air an deagh chomhairleachadh siostam a chur an gnìomh airson cunntachalachd ionmhasail.</b></p> <p><b>Dh'aontaich am Bòrd nach b' e cùis don Choimisean a bh' ann an neo-riaghailteachdan san amharc an taobh a-staigh Chomataidhean Ionaidraidh.</b></p> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir an dòigh fhacail aig 3.4 air duilleag 56 den Phàipear a bhith air atharrachadh gus a ràdh, 'Cha ghabh an Coimisean, aig a làimh fhèin, os làimh sgrùdadh foirmeil sam bith air neo-ionmchaidheachd ionmhasail san amharc. Is e coltas cùis sìobhalta agus / no eucoir a tha seo agus bu chòir na h-ùghdarrasan buntainneach dèiligeadh leis'.</b></p>
-------------------	--

	<b>Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir sanas poblach a bhith ann am pàipear-naidheachd gus coinneamh a shanasachadh airson Comataidh Ionaltraidh ùr fhadthad, agus feumaidh am Poileasaidh ùr seo a bhith air fhollaiseachadh gu Comataidhean Ionaltraidh uile agus air a thaisbeanadh air làrach-lìn a' Choimisein.</b>
--	--

### 13 ATH-LEASACHADH FEARAINN

Chuir an Ceannard Poileasaidh am Pàipear air adhart. Chaidh Bile an Ath-leasachaidh Fearainn a chur an aithne do Phàrlamaid na h-Alba air 22 Ògmhios 2015, agus tha Comataidh Chùisean Dùthchail airson Atharrachadh Gnàth-shìde 's an Àrainneachd (RACCE) air beachdan iarraidh bhon Choimisean ro 15 Lùnastal 2015, a thaobh nam prionnsapalan coitcheann den Bhile.

An dèidh deasbaid, chaidh aontachadh gun iarraidh an Ceannard Poileasaidh sìneadh sa cheann-ama airson beachdan, agus coinnichidh e fhèin agus an Coimiseanair Caimbeul agus MacIlinnein agus cuiridh iad freagairt ri chèile às leth a' Choimisein, a chuirear a-mach air post-d gu Coimiseanairean airson beachd agus feumar a fhreagairt sa bhad.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean gun iarr an Ceannard Poileasaidh sìneadh sa cheann-ama airson beachdan air Bile an Ath-leasachaidh Fearainn agus coinnichidh e fhèin agus an Coimiseanair Caimbeul is MacIlinnein agus cuiridh iad freagairt ri chèile às leth a' Choimisein, a chuirear a-mach air post-d gu Coimiseanairean airson beachd agus feumar a fhreagairt sa bhad.</b>
-------------------	---

### 14 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

16 Sultain 2015 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

### 15 GNOTHACH DEATAMACH SAM BITH

- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi aonad aig luchd-obrach a' Choimisein aig Seodha an Eilein Duibh air 5 Lùnastal agus aig Fèis Ciùil Belladrum air 5 gu 7 Lùnastal. Tha an t-lar-Neach-gairm a' gabhail pàirt ann am Pannal Ceist is Freagairt aig Belladrum air 7 Lùnastal.
- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi am Ministear a' tadhal ann an Sealtainn air 10 Lùnastal agus an Rùnaire Caibineit a' tadhall ann an Ulapul air 11 Lùnastal, agus tha an Coimisean air fiosrachadh a sholarachadh mu choinneamh an dà thadhal sin.
- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil i air a bhith ann an còmhradh mu dheidhinn adhartachadh iomadachd air Bùird agus tha e air aontachadh gun tòisich prògram meantarachd do chroitèaran òga san amharc le Coimiseanair Dennis is MacIlinnein sa chiad àite. Dh'fhaodadh na daoine òga Coinneamh Bùird a fhriththeadh a dh'fhaicinn dè tha na lùib agus cuairt a chur air an oifis. Nochd còignear dhaoine òga ùidh ann an seo aig Cruinneachadh nan Croitèaran Òga ann an Asainte sa Mhàrt 2015.
- Dh'iarr an Coimisean lethbhreac den Phlana Poileasaidh ath-sgrùdaichte a chur a-mach thuca agus cuiridh an Ceannard Poileasaidh seo air dòigh.

- Chuir an Coimisean ceist mu na tha a' tachairt a thaobh measaidhean Choimiseanairean agus chomhairlich an t-Àrd-oifigear gum bi agallamhan measaidh air an cur air dòigh leis gach Coimiseanair, cho luath agus a tha an Neach-gairm ùr air trèanadh a dhèanamh.
- Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil am buidheann Leadaer air a' Ghàidhealtachd air faighneachd a bheil Coimiseanairean no luchd-obrach airson a bhith an sàs ann am buidheann measaidh ionadail. Chan eil Coimiseanairean no luchd-obrach sam bith saor airson pàirt a ghabhail an seo agus cuiridh an t-Àrd-oifigear freagairt gu Highland Leader gan comhairleachadh air an seo.

## **16 TOIRMEASG AIR MEADHANAN AGUS POBALL**

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 13:25f.